

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
Press Release



\*Please scroll down for English Version\*

**19/10/2016**

**FO CHASG GU 1800**

## Bòrd na Gàidhlig a' toirt taic ùr do Dhràma Gàidhlig

Dh'fhoillsich Bòrd na Gàidhlig an naidheachd an-diugh gu bheil iad a' dol a thoirt £115,000 seachad mar thaic do bhith toirt dràma na Gàidhlig air adhart aig èire phroifeiseanta, coimhairsnachd agus ann an sgoiltean. Tha Bòrd na Gàidhlig a' sìreadh thairgsean, a' tòiseachadh an-diugh fhèin, bho bhuidhnean as urrainn dealbh-chluich ùr a chruthachadh agus a thoirt air chuairt air feadh Alba.

Thuirt an Stiùiriche Planadh Cànan is Leasachaidhean Coimhairsnachd aig Bòrd na Gàidhlig, Daibhidh Boag: "Tha Bòrd na Gàidhlig ag aithneachadh mar a dh'fhaodas na h-ealain feum mòr a dhèanamh ann a bhith togail ìomhaigh na Gàidhlig air feadh Alba, agus mar a tha iad aig an aon àm a' toirt cothrom luachmhor do luchd-labhairt na Gàidhlig an cànan aca a chleachdad. 'S e as mothach a tha fa-near dhuinn leis a' phròiseact seo, dealbh-chluich phroifeiseanta Ghàidhlig a chur air dòigh a thèid air chuairt air feadh diofar choimhairsnachdan ann an Alba, agus an lùib a' phròiseict bithear a' toirt chothroman trèanaidh do dhaoine aig a bheil ùidh ann a bhith ag obair san roinn seo fhad 's a tha iad ag obair air an dràma. Cuideachd, tha sinn an dùil gum faigh buidhnean coimhairsnachd agus sgoilearan buannachd às na bùithean-obrach a thèid a chumail mar phàirt den chuairt."

Lean e air: "Tha Bòrd na Gàidhlig air taic a thoirt do dhràma na Gàidhlig an dà chuid aig èire na coimhairsnachd agus aig èire phroifeiseanta airson grunn bhliadhnaichean agus tha sinn air maoineachadh cunbalach a thoirt don Chomunn Ghàidhealach, Comunn na Dràma, Fèisean nan Gàidheal, Comhairle nan Leabhraichean, An Lòchran agus Sabhal Mòr Ostaig agus bidh sinn a' toirt taic seachad an co-bhuinn ri Alba Chruthachail tro ar Maoin Leasachadh Dràma na Gàidhlig gach bliadhna. Mar thoradh air an obair chruaidh agus an taic-airgid sin, chunnacas taisbeanaidhean dràma Gàidhlig gan cur air dòigh gu cunbalach o chionn beagan bhliadhnaichean agus tha e na amas don phròiseact seo togail air an t-soirbheachadh sin."

Chaidh am pròiseact seo a mholadh às dèidh chòmhraidaean le buidhnean a tha an sàs ann an dràma aig èire ro-innleachdail (Alba Chruthachail, Thèatar Nàiseanta na h-Alba agus BBC ALBA), agus le measgachadh farsaing de dhaoine a tha ag obair ann an dràma na Gàidhlig agus chaidh codhùnadh a dhèanamh gus am pròiseact a thoirt air adhart aig coinneamh a' Bhùird ann an ìle o chionn ghoirid.

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
Press Release



Gheibhear làn fhiosrachadh mun phròiseact agus mu mar a chuirear tairgse a-steach aig [www.publiccontractsscotland.gov.uk](http://www.publiccontractsscotland.gov.uk).

## DEIREADH

Airson tuilleadh fiosrachaidh mun bhrath-naidheachd seo cuiribh fios gu Steven MacIomhair, Ceann Roinn a' Chonaltraidh, Margaidheachd is TF aig Bòrd na Gàidhlig, air post-d [steven@gaidhlig.scot](mailto:steven@gaidhlig.scot) no air a' fòn 07595763071.

## FIOSRACHADH DON LUCHD-DEASACHAIDH

'S e a th' ann an Cùmhnanan Poblach na h-Alba, làrach-lìn nàiseanta le sanasan airson chùmhnanan bho bhuidhnean ann an Roinn Phoblach na h-Alba, far am faod iad sanasan a shealltann airson chùmhnanan anns nach eil luach ro mhòr airson bathair, obair agus seirbheisean.

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
Press Release



**19/10/2016**  
**EMBARGOED UNTIL 1700**

## **Bòrd na Gàidhlig announces new support for Gaelic Drama**

Bòrd na Gàidhlig has today announced £115,000 to support Gaelic drama development at professional, community and school levels. From today, the Bòrd will seek tenders from organisations capable of creating a new piece that will tour venues across Scotland.

Bòrd na Gàidhlig Director of Language Planning and Community Developments, David Boag said: “Bòrd na Gàidhlig recognises the valuable part that the arts play in raising the profile of Gaelic across Scotland, whilst providing Gaelic speakers with a valuable opportunity to use the language. The primary aim of this project is to produce a professional Gaelic drama that will tour communities across Scotland, whilst at the same time offering on-the-job career development opportunities for those interested in working in the sector. In addition, we expect that local community groups and school pupils will benefit from workshops associated with the touring production.”

He went on to say, “Bòrd na Gàidhlig has supported Gaelic drama at both grassroots and professional levels for a number of years through regular funding to bodies including An Comunn Gàidhealach, Comunn na Dràma, Fèisean nan Gàidheal, the Gaelic Books Council, An Lòchran and Sabhal Mòr Ostaig, as well as the annual Drama Network Fund with our partners, Creative Scotland. All of this hard work and investment has resulted in the continuation of Gaelic drama productions in recent years and the aim of this project is to build upon this success.”

The project is based on discussions held with key strategic groups including Creative Scotland, the National Theatre for Scotland and BBC ALBA, along with a wide range of Gaelic drama practitioners and the decision to proceed on this basis was taken at the Bòrd’s recent Board meeting in Islay.

Full details about the project with information on how to tender can be found at [www.publiccontractsscotland.gov.uk](http://www.publiccontractsscotland.gov.uk).

**ENDS**

**For further information on the contents of this news release please contact Steven MacIver, Head of Communications, Marketing & IT at Bòrd na Gàidhlig by e-mailing [steven@gaidhlig.scot](mailto:steven@gaidhlig.scot) or phoning 07595763071.**

## Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



### **NOTES TO THE EDITOR**

*Public Contracts Scotland is the national advertising website for Scottish Public Sector organisations to post notices and low value contracts for goods, works and services.*